




The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

Ar Facail Sgeulachdan Pàrlamaid

Le Bun-sgoil Glencoats agus Magic Torch Comics

Chan e a-mhàin togalach a tha ann am Pàrlamaid na h-Alba.
'S e togalach làn sgeulachdan a th' ann.



Chaidh a dheilbh le Enric Miralles,
aig an robh beachd inntinneach
mu ciamar a bu chòir don togalach
a bhith air a dheilbh.



Bu chòir dha suidhe san
fhearann le tòrr àiteachan
uaine timcheall air.

Tha a' Phàrlamaid a' suidhe san dùthaich a chionn 's gu bheil i le Dùthaich na h-Alba. Chan eil sinn airson dìochuimhneachadh gum bi a' Phàrlamaid ann an Dùn Èideann ach gur ann le Alba a bhitheas i, le Dùthaich na h-Alba.

Bu chòir dhan Phàrlamaid a bhith comasach air a bhith na sgàthan air an dùthaich a tha i a' riochdachadh.



Bha beachd aig Enric Miralles gum biodh e math flùraichean, craobhan agus preasan dùthchasach na h-Alba a chur. Bha e airson na feòir agus na craobhan dùthchasach a bha cheana san nàbachd a chur, a bharrachd air craobhan eile bho air feadh Alba.



Tha craobhan caorainn, gu traidiseanta air am faicinn mar shamhla air deagh shealbh agus airson 'bana-bhuidsichean' a chumail air falbh, air an cur timcheall air a' Phàrlamaid. Tha aon chraobh, leatha fhèin, air a cur faisg air inntreigeadh a' mhòr-shluaigh.




Ach a dh'innse na firinn, tha fàilte ron a h-uile duine. Bana-bhuidsichean cuideachd!



Ann an taisbeanadh mu dheireadh a rinn e, chuir Enric Miralles gach togalach air bòrd – ag innse sgeulachd mu dè dhèanadh gach togalach mar phàirt den Phàrlamaid ùir.



Aig an deireadh chuir e a mheanglain air a' bhòrd agus mhìnich e mar a cheangaileadh an dealbh-tìre na togalaichean ri chèile.




Sin agaibh ur pàrlamaid.

Agus sin mar a bha.

Dh' aontaich a' Bhanrigh Iorg-shuaicheantais a thoirt do Phàrlamaid na h-Alba mar chomharra air fosgladh na Pàrlamaid ann an 1999.



Chùm pannal de dhaoine chudromach, nam measg Dòmhnall Dewar a bha na Phrìomh Mhinistear aig an àm, farpais do chiùird-airgid airson An Iorg-shuaicheantais ùr a dheilbh.




B' e Micheal Lloyd à Caisteal Dhùghlais ann an Dùn Phris agus Gall-Ghàidhealaibh a bhuinnig le 'Slat Spioradail'. Fichte a-steach innte bha fàinne 'òir', a rinn Micheal bho òr a chaidh a lorg ann an aibhnichean Albannach. Bha i mar chomharra air a phòsadh eadar a' Phàrlamaid, a daoine, agus an dùthaich.



Chruinnich a' choimhearsnachd is iad cho moiteil gun deach an Iorg-shuaicheantais a dhèanamh sa bhaile aca. Bha pìobaire a' caismeachd air beulaibh na Luirg nuair a bha i a' tòiseachadh air an t-slighe gu Dùn Èideann.



Airson sàbhailteachd mus deach a taisbeanadh, bha an Iorg-shuaicheantais air a cumail fo ghlas ann an crùisle ann am Banca na h-Alba air a' Mhònd gu madainn latha fosglaidh na Pàrlamaid.




Chaidh an Iorg-shuaicheantais a thoirt seachad leis a' Bhanrigh aig an fhosgladh oifigeil air 1 Luchair 1999, agus tha i air a bhith air a cleachdadh gach turas a shuidh a' Phàrlamaid on uair sin.



Feumaidh an Iorg-shuaicheantais suidhe air taobh a-muigh a ceas san t-seòmar nuair a tha gnothaichean a' dol san t-seòmar. Tha an ceas air a thogail airson gun roilig i a-mach às.



Tha mòran sgeulachdan eile rin lorg a-staigh san togalach agus timcheall air...mar chlach Arniston, a bha na pàirt de sheann Phàrlamaid na h-Alba agus a tha an-diugh suidhichte os cionn an dorais a-steach don t-seòmair dheasbaid.




Fad ùine mhòr cha robh fios aig duine càite an robh i, ach tha e coltach gun robh i sa ghàrradh aig Taigh Arniston agus chaidh a toirt mar thiodhlac air ais dhan Phàrlamaid. Tha i a' ceangal an t-seann phàrlamaid ris an tè ùir.




No am bonn fichead sgillinn a dh'fhalaich fear den luchd-togail ann am mullach an togalaich...




...tha an trannsa dubh is geal seo mar mhac-talla den trannsa ann an Talla an Àrd-sheanaidh. Bhiodh BPA tric a' dèanamh agallamhan ann. B' e an smuain a bh' ann ath-chruthachadh a dhèanamh air an traidisean sin sa Phàrlamaid ùir, ach an àite sin bidh a h-uile duine a-nis air am filmeadh aig bonn na staidhre.



No an cruth-ealain aig Sigurður Guðmundsson de dh'ugh le Gèadh Dearg-chasach, a' samhlachadh a' cheangail a tha eadar Pàrlamaidean Alba agus Innis Tìle. Bidh an Gèadh Dearg-chasach a' cur a' gheamhraidh seachad ann an Alba agus an samhradh ann an Innis Tìle.




Agus air a shnaigheadh air an ugh tha abairt bho sheann sgeulachdan Innis Tìle 'Með lögum skal land byggja'.



"Le laghan thèid an dùthaich a thogail."

Dèan cinnteach gun toir thu sùil nas gèire agus gun èist thu gu furaileach nuair a tha thu a' rannsachadh sa Phàrlamaid.



Cha e dìreach togalach a-mhàin a th' ann...



Airson an tuilleadh a leughadh mu dhealbhadh Pàrlamaid na h-Alba, dèan sgan air a' chòd QR le fòn no tablaid.

[@scotparl](http://www.facebook.com/scottishparliament)
www.parliament.scot
0131 348 5000